

An Naidheachd Againne

The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society

Am Foghar 2015, Leabhar XXXI Àireamh 3
Fall 2015, Volume XXXI, No. 3

Nuair a chuala sinn gun do bhuannaich Lorrie NicFhiongain duais “Heritage Trust of Nova Scotia” airson na h-obrach aice gus seann taigh ann an Creignis a nuadhachadh, dh’iarr sinn oirre an sgeulachd innse.

When we heard that Lorrie MacKinnon had won a 2014 Heritage Trust of Nova Scotia award for her work restoring an old stone house in Creignish, we asked her to write about it.

Sealladh cho brèagha ’s a chì thu

le Lorrie NicFhiongain

Tha baile beag ann an Ceap Breatuinn ris an abradh iad Creignis. Mar a thuirt am bàrd Alasdair a’ Rids

*Chì mi Creignis nan craobh
Le cuid aonaichean àrd*

Agus gu dearbh tha craobhan ann agus aonaichean cuideachd. Thànaig mo chuideachd-sa gu Creignis ann an 1801 – ’s e Iain Ruadh MacMhaighstir (mo shin shin shin seanair) a thànaig à Muideart. Thog e taigh logaichean an sin ach thànaig stoirm ghàbhaidh agus thuit an taigh. Tha iad ag ràdh gun d’ thuirt e ris-fhèin “tha mi airson taigh a thogail a sheasas ris a’ ghaoith” (’s e àite gu math gaothach

A view as beautiful as you will see

by Lorrie MacKinnon

There is a small community in Cape Breton called Creignish. As the bard Alasdair the Ridge MacDonald said

*I see Creignish of the trees
and some high hills*

And indeed there are trees and high hills as well. My ancestors came to Creignish in 1801 – Red John MacMaster (my great-great-great grandfather) came from Moidart. He built a log house but the house was destroyed in a terrible storm. It is said that he said, “I am going to build a house that will withstand



The MacMaster house in Creignish

Lorrie MacKinnon

In This Issue

Litir bho’n Cheann-Suidhe/Letter from the President.....	3
Beannachd Leibh do Ghuth nan Gàidheal.....	4
Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig.....	5
Taigh is Buidheachas!.....	8
Dè Do Naidheachd?	9
Mòd Results	10
Apple Crisp (Bilingual Recipe)	12
Theater Review: “In My Father’s Words”	13
The On-Line Faces of ACGA	14
Criomagan.....	15
Youth Page	16
Dè Tha Dol?	17

Go to <http://www.acgamerica.org> for more information on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.

a th' ann an Creignis) agus mar seo thog e taigh cloiche. Thog e teaghlach mòr an sin. 'S e Dòmhnall, ogha Iain Ruaidh am fear mu dheireadh de chlann MhicMhaighstir a dh'fhuirich anns an taigh. Nuair a chaochail esan agus a bhean Catriona, (cha robh clann aca) chaidh an taigh gu teaghlach a bhean (mac a piuthar – 's e Aonghas a bh' air agus bha e pòsd ri Nellie).

Bha mi air a bhith coimhead air an taigh bho 1987 – a' cheud bhliadhna a chunnaic mi an taigh. Bha e na shuidhe ri taobh a' bhruaich a' coimhead cho brèagha. Bha e air a pheantadh geal aig an àm sin. Chaidh sinn a-staigh agus choinnich sinn ri Anndra (mac Aonghais) agus a mhàthair Nellie. A h-uile bliadhna bho 1990 gu 2012 nuair a bha mi a' draibheadh seachad, chithinn an taigh agus bha e coimhead nas rapaiche gach bliadhna. Nuair a chaochail Anndra ann an 2012 cheannaich mi an taigh bhon teaghlach aigesan.

'S e project mòr a bh' ann – cha d' rinn Anndra mòran leis an taigh as dèidh bas a mhàthar. Tharruing sinn a-mach a h-uile sian a bh' anns an taigh agus chunnaic sinn de cho dona 's a bha na ballachan. Bha iad dona gu dearbh agus bha clachair agam a-mach às an taigh agus fear eile ag obair a-staigh.

Bha saor math math agam air a' phroject agus tha mi cho taingeil gu robh. Bha e cho foighidneach leis a h-uile sian agus faiceallach cuideachd.

Thànaig iomadh rud ri lom nach eil mi a' tuigsinn fhathast. Mar eisimpleir, cha robh àite-teine anns a' taigh. Tha simleair ann ach aig bonn an t-simleir chan eil àite-teine ann. Ach tha an taigh cho sean 's gum bu choir àite-teine a bhith ann. Rud eile – suas na staidhrichean tha dubhan mòr a' crochadh as a' sparr – carson? De bhiodh air a chrochadh an sin? Isbean? Feòil? Cò aig a tha fios. Rud beag eile – bha teaghlach mòr aig Iain Ruadh (dusan dhiubh) – càite an do chaidil iad uile? Chan e taigh mòr a th' ann agus tha mi cinnteach aig an toiseach nach robh iad a' fuireach shuas na staidhrichean (dh'fhaoidte nach robh staidhrichean ann idir, ach faradh air choireigin).

Tha mi cho toilichte gu robh cothrom agam am project seo a dhèanamh agus cho toilichte a bhith aig an taigh nam shuidhe ri taobh an stòbh, a' coimhead a-mach air na h-uinneagan – sealladh cho brèagha 's a chì thu ann an àite

the wind” (Creignish is quite a windy spot) and so he built the stone house and raised a large family there. His grandson Dan was the last of the MacMasters to live in the house. When he and his wife Catherine died (they had no children), the house went to her nephew Angus MacKillop, whose wife was named Nellie.

I had been looking at the house since 1987 when I first saw it. It was sitting on the side of the mountain and looked so lovely. It was painted white at that time. We went inside and met Andrew (son of Angus) and his mother Nellie. Every year from 1990 to 2012 when I was driving by I would see the house and it was looking a little more neglected each year. When Andrew died in 2012, I bought the house from his family.

It was a big project. Andrew had not done much to the house after the death of his mother. We gutted the interior and were able to see the bad state of repair of the walls. They were bad indeed and so

I had a stone mason working on the exterior of the walls and another working on the interior.

I had an excellent carpenter on the project and I am so thankful that I did. He was so patient with everything and so careful in his work as well.

Many things came to light during the restoration that I still don't understand. For example, there wasn't a fireplace in the house! There was a chimney but no fireplace at the bottom (just a little hole for a stovepipe). But the age of the house is such that it should have had a fireplace. Another thing – upstairs hanging from a beam is a large wooden hook – why? What did they hang there? Sausages? Meat? Who knows. Another little thing – Red John had a large family (12 children) – where did they all sleep? It isn't a large house and I'm sure at the beginning they were not staying upstairs (there likely weren't even stairs, but just a ladder).

I am so happy that I was given the opportunity to undertake this project. And I am so happy to be at the house sitting by the stove looking out the windows – a view as beautiful as you will see anywhere.



Lorrie dressed for battle!

Lorrie MacKinnon

Litir bho'n Cheann-Suidhe

le Micheal MacAoidh

a Chàirdean chòire,

Seo an t-àm dhe'n bhliadhna nuair a leigeas sinn soraidh leis an t-samhradh, agus a dh'ullaicheas sinn airson an fhoghair, eadar tòiseachadh nan sgoiltean, a' tighinn air ais a dh'obair as dèidh làithean-saora, agus, do chuid, a' socrachadh sìos airson mìosan de chlasaichean Gàidhlig.

Do mhòran nar Comunn, 's e am foghar an t-àm dhe'n bhliadhna a thig iad air ais gu buidhnean sgrùdaidh, no cùrsaichean inntrigidh, no, ma tha sibh fortanach gu leòr, gu clas a tha ga stiùireadh le fear no tè aig a bheil tòrr Gàidhlig, le daoine còmhla ann an seòmair, far am faigh a h-uile duine cothrom èisdeachd ris an tidsear, airson blas na Gàidhlig a chluinntinn agus riaghailtean a' chànain ionnsachadh, as aonais riasladh an eadar-lìon, beag 's ged a bhiodh e, a' tighinn eadar beul an tidseir agus cluasan nan oileanach. Ged a tha sinn air adhartas mòr fhaicinn ann an goireasan mar Skype agus Google, chan ionnan iad sin agus clas àbhaisteach far an cluinn sinn agus far am faic sinn an duine a' toirt seachad gach leasan.

Ach ge b' e dè an dòigh a chleachdas sibh airson an cànan prìseil seo a thoirt a-steach, 's e an rud as cudthromaich gun cùm sinn suas le a h-ionnsachadh. Tha sinn uile a' dol an tòir air a' Ghàidhlig airson ar cuid reusanan – gus a bruidhinn gu fileanta, airson a toirt air ais air ar teanga bho'n a chaill sinn cuid dhi, air sgàth 's gun robh i aig ar pàrantan, ar seanair no seanmhair, no ar sinnsearan, no dìreach air sgàth 's gu bheil i “a' bruidhinn” ruinn ann an dòigh nach tuig sinn, ach gu bheil sinn air ar pìobrachadh a dhol thuice air a sgàth sin fhèin.

Agus gu fortanach, tha iomadh goireas ann an latha an-diugh airson an cànan a thogail. Tha cùrsaichean gan cumail air feadh an t-saoghail, agus (ged a sgrìobh mi gum biodh e na b' fheàrr a bhith ann an seòmair-ionnsachaidh seach air an eadar-lìon) faodaidh duine adhartas math a dhèanamh leis a' chànain mura h-eil aige no aice ach coimpiutair, “microphone,” agus ceangal ris an eadar-lìon. Faodaidh sinn a bhith gu math taingeil gu bheil na goireasan agus na cothroman seo ann.

Ach mus cuir sinn crìoch air ar samhradh, a' tighinn gu seasgairachd ar taighean, feumaidh mi cur nur cuimhne gu bheil aon iomairt fhathast ann air an gabh sibh cothrom ur Gàidhlig a chleachdadh, agus ur guthan a thogail – Mòd Nàiseanta nan Stàitean! Bidh sinn ann an Ligonier,



Letter from the President

by Mike Mackay

Dear friends,

Now is the time of year when we say good-bye to the summer and prepare for fall, between the start of school, coming back to work after vacations, and for some, settling down to months of Gaelic classes.

To many in our Gaelic society, fall is the time of year when we return to study groups, or distance learning courses, or, if you are lucky enough, to a class run by a man or woman who has a lot of Gaelic, with other people together in a classroom, where everyone can hear the teacher to get the true sound of Gaelic and to learn the rules of the language, without the interference of the Internet, small though it may be, coming between the mouth of the teacher and the ears of the students. While we've seen a great advancement in tools like Skype and Google, it's just not the same as a regular class where we can see and hear someone deliver each lesson.

But whatever way you use to acquire this precious language, the most important thing is that we keep on learning. We are all pursuing Gaelic for our own reasons - to speak it fluently, to bring back what we once had of the language, because our parents, grandparents or ancestors once had it, or just because it speaks to us in a way we don't understand, but we are drawn to it for that simple reason.

And, fortunately, there are many means today to take up the language. There are courses all over the world, and (though I wrote that it would be better to be in a “live” classroom rather than the Internet) one can make great progress with only a computer, a microphone, and Internet access. We can be quite thankful that these methods and opportunities are available.

But before we come to the end of our summer, and to the peace and tranquility of our houses, I must remind you that there is still one event where you can have an opportunity to use your Gaelic and lift your voices – the US National

Pennsylvania, air a' chòigeamh latha air fhichead dhen t-Sultain le òrain, ceòl, sgeulachdan, agus bàrdachd. Ma thèid sibh chun a' làrach-lìn againn, gheibh sibh fiosrachadh mu'n Mhòd agus mar a chlàras sibh a-steach ann.

Gus an ath-thuras, a h-uile deagh dhùrachd dhuibh, gum meal sibh na clasaichean dhan tèid sibh, agus "Togaibh i, Togaibh i!"

Michéal MacAoidh
Ceann-suidhe

Mòd! We'll be in Ligonier, Pennsylvania, on the 25th of September, with songs, music, stories and poetry. If you go to ACGA's web page, you'll get information on the Mòd and how to register.

Until next time, every good wish, and enjoy the classes you attend, and "Lift her, Lift her!"

Michael Mackay
President

Beannachd Leibh do Ghuth nan Gàidheal

We were sorry to learn earlier this summer that ACGA's Rèidio Guth nan Gàidheal has had to cease operating.

As Executive Producer Steaphanaidh Carlyle explained, "Our Internet Radio partner, Hard to Port Radio, ceased to function earlier in the year which left GnG 'homeless'. We did approach a terrestrial community radio station on Skye with a view to providing programming for them to run, but we ran into some issues with regard to licensing the use of music for such broadcasts (made more difficult not least because both US and UK copyright/royalty licensing would be involved), so we decided to hold off on that.

"Right now, the Guth nan Gàidheal website (<http://gng.acgamerica.org>) carries podcast versions of our shows 'An Saoghal Againne' and 'Mar a chuala mi i', and these are also available via iTunes.

"Our Guth nan Gàidheal Facebook page is still in operation, and if there are any further announcements regarding GnG, they will appear there as well as on the ACGA forum."



Seanfhacal na Ràithe – Pictured Proverb

Do you know what familiar Gaelic proverb is illustrated here?

Check page 17 to see if you're right.



"The branch of apple tree" by Bogdan Trigubec,
Wikimedia Commons CC-BY-SA-3.0

Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig

Le Liam Ó Caiside

Caibideil a naoi: Nighean an Sgàthain

“Is math an sgàthan sùil caraide.”

~ Seanfhacal Gàidhlig

“Co-dhiù,” thuirt an sgeulaiche, a’ tilleadh chun na naidheachd aige, “thàinig an nighean seo a-steach agus chroch i a lòchran air dubhan, mar a rinn an seòladair. Abair gun robh Iain ann an ceò. Dh’aithnich e a’ chaileag, chunnaic e a’ chaileag roimhe tron chloich dhraoidheil a thug athair dha, ach cha robh fhios aige fon ghrèin cò i.

Bha i mun aon aois ’s a bha e fhèin, shaoil Iain, mu shia bliadhna deug. Bha i dìreach, deas, tana, dubh. An uair sin, mhothaich e gun robh i a’ bruidhinn ris a-rithist.

“A bheil thu ceart gu leòr, ’Ille an Sgàthain? Tha thu gam thuigsinn, nach eil? Dè rinn iad riut?” Bha blas Èireannach air a’ Ghàidhlig aice nach robh mì-thaitneach gu tur, shaoil Iain.

“Sgàthan?” thuirt esan, “dè an sgàthan?”

“Chunnaic mi thu anns an sgàthan bheag agam, sgàthan a thug m’ athair dhomh,” ars an nighean. “Chunnaic mi thu gu tric. Agus chunnaic thu mise, nach fhaca? A’ chiad uair, bha mi cinnteach gum faca tu mise. A bheil sgàthan agad fhèin cuideachd?”

“Chunnaic mi thu,” thuirt Iain gu mall, “ach chan e sgàthan a th’ agam, ach clach, clach a thug m’ athair-sa dhomh. Ach cò thusa? Carson a tha thu an seo?”

“Thàinig mi gus do chuideachadh,” thuirt a’ chaileag. “Innsidh mi m’ ainm dhut uair eile. Tha sinn ann an cunnart — thusa gu h-àraidh.”

“An spùinneadair ud, Cnàmhan Dubha?” thuirt Iain. Rinn i an uair sin rud a chuir iongnadh air Iain — rinn i gàire. “An greannanach mòr ud?” thuirt i. “Cha chuireadh e eagal sam bith orm. Bu chòir eagal a bhith airsan ma thogas e làmh nam fhianais.”

“Dè tha thu ciallachadh?” arsa Iain. “Dè b’ urrainn dhutsa, nighean òg, dèanamh an aghaidh duine borb mar sin?” Thug i sùil gheur air Iain.

“B’ urrainn dhomh mòran a dhèanamh a chuireadh crith na chnàmhan, nighean òg ’s gu bheil mi,” fhreagair a’ chaileag gu mall. “Ach an rud as miosa, ’s dòcha, b’ urrainn dhomh facal a chagairt ann an cluas m’ athar ma dheidhinn.”

“Cluas d’ athar? Cò esan?” thuirt Iain.

“An draoidh as fheàrr an Èirinn!” thuirt an nighean. “’S ann aige a tha an long seo. Agus tha thu, a dhraoidh òg, nad phrìosanach aige.”

Cha robh fhios aig Iain dè bu chòir dha ràdh a-nise.

“An draoidh as fheàrr an Èirinn? Dè fon ghrèin tha e ’g iarraidh bho mo leithid? Cha mhise ach foghlainte.”



“’S ann aige a tha fios, ach tha feadhainn air bòrd ag ràdh ... gun robh fàisneachd ann mu do dheidhinn,” thuirt i. “Tha iad ag ràdh gun tig ‘fitheach òg’ às an tuath a chuireas dùbhlán air an draoidh as fheàrr an Èirinn. Tha fhios aig m’ athair gu bheil thu nad oileanach aig a nàmhaid, an draoidh Albannach. Nach do dh’innis do mhaighstir dad dhut mu dheidhinn a sheann charaid?”

“Cha tuirt e dad rium mu dhraoidhean taobh a-muigh Sgoil nan Eun fhèin,” arsa Iain, a bha uabhasach neo-shocrach an naidheachd seo a chluinntinn. Nach b’ e “Fitheach” am far-ainm air ann an Sgoil nan Eun? “Co-dhiù, dh’ionnsaich m’ athair mud dheidhinn,” thuirt a’ chaileag. “Dh’fhaidte gur tusa ‘fitheach òg’ na fàisneachd, shaoil e. Tha thu cho dubh ris an fhitheach, co-dhiù! Mu dheidhinn ’s mu dhiù, thug e Cnàmhan Dubh agus a chuid ruspalan do ghlacadh agus do thoirt air ais mar phrìosanach.”

“Ach,” thuirt Iain, “ach ...”

“Ach cha bhi thu nad phrìosanach mòran nas fhaide,” thuirt an nighean ris. “Tha mise an seo gus do shaoradh, mar a thuirt mi, mus ruig sinn caladh ann an Èirinn.”

“Math dha-rìreabh,” thuirt Iain. “Ach dè nì sinn? A bheil dag neo airm agad? Sgian a ghearradh na ròpan?” Rinn Nighean an Sgàthain gàire. “Nach draoidhean sinn?” thuirt i. “Carson a bhiodh feum againn air airm sam bith!”

Thug sin rudhadh air gruaidhean Iain. “Chan eil fhios agam ach ... cha b’ urrainn dhomh draoidheachd a dhèanamh an-dràsta,” thuirt Iain gu searbh. “Rinn mi mo dhicheall na snaidhmeannan fhuasgladh le obagan mar tha ach cha do thachair rud sam bith.”

“Chuir m’ athair geasan làidir air a’ bhàta seo ’s na bheil ann,” thuirt a’ chaileag. “S e sin an t-adhbhar nach b’ urrainn do phrìosanach neo nàmhaid mar thu fhèin draoidheachd a chleachdadh air bòrd, mura bhiodh an draoidheachd agad na bu treasa na draoidheachd m’ athair. Ach cha chuireadh na geasan sin bacadh sam bith air a nighean fhèin.”

Thug i a-mach slacan a bh’ aice fon bhrat, thuirt i facal fo a h-anail, agus bhean i na ròpan a bha ga cheangail leis an t-slacan. Dh’fhosgail a h-uile snaidhm agus thuit na ròpan bhuaithe anns a’ bhad. “S e draoidh a th’ annad cuideachd!” arsa Iain, agus sheas e saor mu dheireadh thall.

“S e,” thuirt an nighean, le guth caran pròiseil. “Thug m’ athair fhèin ionnsachadh dhomh.”

“A bheil sgoil aige, mar a tha aig mo mhaighstir ann an Albainn?” dh’fhaighnich Iain. “Chan eil,” fhreagair ise. “Chan eil oileanach aige ach mise, ach ... an cluinn thu sin?”

Chuala an dithist aca ceumannan a’ tighinn a-nuas an staidhre taobh eile an dorais. Bhioraich an nighean a slacan dhan lòchran a bha crochte air an dubhan agus mhùch i an solas. Thug iad ceum air falbh bhon doras. Dh’fhosgail an doras agus thàinig cuideigin a-steach. Cò bh’ ann ach an seòladair a thug uisge agus biadh do dh’Iain roimhe, a lòchran fhèin na làimh.

“Eil thu ceart gu leòr, ’ille?” thuirt e. “Bha mi shuas agus chuala mi thu bruidhinn.”

Ach stad an seòladair nuair a chunnaic e na ròpan air an ùrlar agus an t-àite falamh far an robh Iain. Mun robh cothrom aige tionndadh mun cuairt agus mun tuirt e rud sam bith eile, bhuail an nighean an seòladair leis an t-slacan, agus bha e mar chloich, mar dhuine reòite, mar chraoibh freumhaichte san talamh. “Mo chreach!” thuirt Iain, “Dè rinn thu air?”

“Na gabh dragh. Bidh e ceart gu leòr,” ars a’ chaileag. “Ach bidh e mar seo gus an tig mise neo m’ athair ga shaoradh. Agus cha bhi fhios aige neo aig neach eile nach bu tusa a chuir an geas aige, agus gun tug thu na buinn asta.”

“Cha b’ urrainn dhomh geas mar seo a chur air duine idir,” dh’aidich Iain.

“Nach tuirt mi riut gur e m’ athair an draoidh as fheàrr an Èirinn?” thuirt ise. “A-nise, lean mise, agus thoir an aire.” Mhùch i lòchran an t-seòladair, thug i sìos a lòchran fhèin agus dh’fhalbh iad.

Chaidh iad suas an staidhre, dh’fhosgail a’ chaileag an t-saitse, agus thàinig iad a-mach air a’ chlàr. Theab gun do thuit Iain, ach ghlac e ròpa. Cha robh e na latha fhathast, agus bha soirbheas làidir ann. Bha iad air a’ mhuir, ’s chan fhaca Iain cladach anns an dorchadas. Cha robh seòladairean faisg orra, ged a chuala Iain feadhainn dhiubh. A rèir coltais, bha iad gu math trang. Fad às, chunnaic Iain dealanach mòr anns an speur.

“Tha gailleann gar leantainn,” thuirt an nighean, “neo rudeigin eile. Bhiodh a h-uile sùil romhainn neo nar dèidh gus am briseadh an latha. Thog Cnàmhan Dubha an soirbheas seo. Dh’ionnsaich m’ athair an draoidheachd sin dha, co-dhiù. Chan eil mòran eile de thàlant aige.”

Threòraich i Iain gu saitse eile, agus chaidh iad sìos a-rithist. Mhothaich Iain gun robh an nighean a’ seinn os ìseal, ga threòrachadh làmh air làimh. Gu h-obann, chunnaic iad seòladair a’ tighinn a-nuas on chlàr shuas. Cha tuirt an seòladair seo dad a’ dol seachad orra. Bha e dìreach mar nach fhaca e am balach agus a’ chaileag. Chùm iad orra gus an d’ràinig iad àite faisg air deireadh a’ bhàta. Dh’fhosgail a’ chaileag an doras agus a-steach leotha.

Bha iad ann an caibean beag. Bha leaba chaol ann, agus ciste. Shuidh Iain air a’ chiste, agus a’ chaileag air an leaba. “Seo an caibean agam, agus bidh sinn

sàbhailte gu leòr an seo. Ach a-nise, feumaidh mi rud iarraidh ort. Thug mi cuideachadh dhut, 'Ille an Sgàthain. An toir thusa cuideachadh dhòmhsa?"

"Is deònach a bheirinn e, gu dearbh!" thuirt Iain. "An tigeadh tu còmhla rium nuair a bhios sinn saor on bhàta seo agus d' athair? B' urrainn dha mo mhaighstir dìon a thoirt dhut."

"Chan e sin an seòrsa cuideachaidh a tha mi 'g iarraidh," thuirt a' chaileag. "Tha mise a' lorg cuideigin a chaidh air chall, agus dh'fheumadh tu do ghealladh a thoirt dhomh gun cuidich thu mi. Dè chanas tu?"

"Geallaidh. Cò tha thu a' lorg?" arsa Iain.

"Mo mhàthair," thuirt an nighean. "Tha mi a' lorg mo mhàthair, a chaidh air chall nuair a bha mi glè òg,

agus chan eil fhios agam fon ghrèin neo fon ghealaich càite a bheil i."

"S iomadh car a gheibhear anns an naidheachd seo," thuirt Eilidh, nuair a stad an sgeulaiche greis. "Draoidhean Albannach agus Èireannach, sìthichean agus spùinneadairean."

"Tha sin fìor dhut, a ghràidh, ach nach iomadh car a tha anns an t-saoghal," thuirt an sgeulaiche rithe. "Nach iongantach an saoghal, 's a h-uile rud a tha air uachdar agus ìochdar na talmhainn. Chan fhaca tu riamh rud cho iongantach ris! Ach tha car nas iongantach fhathast a' tighinn do dh'Iain."



A Website to Watch

Dip into Gaelic literature!



"An Sgeulachd Ghoid" is an online collection of ten Gaelic short stories from Stòrlann. The Gaelic text is provided for each story, and the reader is given the option of listening to the story being read by a Gaelic speaker. Support materials for each story are provided for learners as well.

<http://www.ansgeulachdghoid.com>

Register for Classes Now!

AGA (Atlantic Gaelic Academy) Gaelic classes will be beginning again in September but there is still time to pre-register for a class. No prior exposure to Gaelic is required to start at the beginner level.

During the last few years AGA has been developing and testing a live online immersion program that will be available to AGA students in the new school year. The program will complement the current AGA program and concentrate on further developing the verbal ability of students. The program will be held on a number of Saturdays during the school year and for weeklong sessions during the summer months.

For more information about AGA courses and / or to register, see

<http://www.gaelicacademy.ca>

Taing is Buidheachas!

Did you ever stop and think about the name of our newsletter? “An Naidheachd Againne.” Our News. And who are we? Well, we’re members of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach, and this newsletter is a labor of love from some of us to all of you.

You may have noticed some of our names on the back page of ANA. Suzanne McDougal is our tireless layout editor. She takes all the files we send her and assembles them into what we think is a pretty good newsletter. Besides Suzanne, we have a group of four editors who plan each issue, prepare a lot of the copy, and keep in touch with everyone associated with each issue. To keep things more organized, we take turns being Content Editor, the person whose job it is to keep track of everything that’s going on.

It’s a lot of work to put out a newsletter like this every three months though, and we’re always on the lookout for willing helpers. You’re probably already familiar with one of our hardest working volunteers: Liam Ó Caside, who has been writing our on-going serial “Sgoil nan Eun” for over two years now. Your present editors took over a few years ago when Liam retired after ten years as editor of ANA. Imagine how it makes us feel knowing that it takes four of us to replace just one Liam!

Actually, it takes more than four of us. Caroline Root contributes one of our regular features, our youth page, An t-Ionnsachadh Bòidheach, and we often ask members of ACGA to write an article or a review or to help in some other way. For this issue we hit the volunteer jackpot. Besides our regular features, Barbara Rice has written a review of the new Gaelic-language play “In My Father’s Words,” and Keith MacLellan has contributed a story of his own to our series Dè Do Naidheachd. Gina McClure and Jennifer Gardner have also contributed ideas and research for some of our other regular features, and we have more help promised for upcoming issues.

So yes, it is “An Naidheachd Againne,” and we’re pleased that so many of us / you are part of it.

As we said: Taing is buidheachas!

Dè Do Naidheachd?

by Keith MacLellan

This time around, our guest author Keith MacLellan has sent us a short story about a very different kind of pet!

Peata eile

le Keith MacLellan

Tha gaol mòr aig mo charaid Joe air na h-ainmhidhean: is toigh leis a h-uile seòrsa ainmhidh: coin, laghairtean, eich, nathraichean. 'S urrainn dhomh sin a thuigsinn, ach nuair a thuir e rium gun robh damhan-allaidh aige mar pheata, bha sin neònach leam. Is gann am fear aig a bheil damhan-allaidh mar pheata, agus cho gann ri seo an damhan-allaidh a tha a' fuireach ann an sgàthan a' chàir. Nuair a bhios Joe a' draibheadh, bidh e a' smèideadh air an damhan-allaidh agus bidh an damhan-allaidh a' smèideadh air ais!



Keith MacLellan

Shaoil mi gun robh seo caran amaideach, ach cha tuirt mi sìon ris mu dheidhinn. An dèidh seo, bha mi a' nighe mo chàir agus mhothaich mi do rud annasach. Air an aidhreig, chunnaic mi cnap beag donn agus e ceangailte ri cluas Mickey Mouse. Bha mi air ceann Mickey a chur air an aidhreig gus mo chàr a dhèanamh nas nochdail. Bhruid mi an cnap le bata agus ghluais e! 'S e damhan-allaidh a bha anns a' chnap. Shìn e a-mach a chasan agus leig e a dhruim dearg ris. Bha e aig baile ann an cluas Mickey, agus leig mi leis.

An ath sheachdain, thadhail sinn air mo phiuthar-chèile ann an Vermont, turas de shia uairean. Nuair a dh'fhalbh sinn, bha an damhan-allaidh anns a' chluais agus chuir mi romham gun a chur a-mach. Shaoil mi gum falbhadh e an dèidh an turais uabhasaich, ach cha do dh'fhalbh.

An ath mhadainn, fhuair mi a-mach gun do dh'fhigh e lion mòr achrannach, eadar an aidhreig agus a' chiste-chàir. 'S ann na mheadhan a bha an damhan-allaidh. Thuig mi gun robh e a' feitheamh ri a bhraicist.

Gu mì-fhortanach, chan fhaca Judi an lion agus dh'fhosgail i a' chiste-chàir. Chaidh an lion a sgrios, agus ruith an damhan-allaidh gu cluas Mickey. Ge-tà, bha e dèanadach agus dh'fhigh e fear eile ro cheann uair a thide. Dh'fhuirich sinn an an Vermont fad trì latha agus dh'fhuirich an damhan-allaidh anns a' bhrandubhan. Thill e dhachaigh leinn, ach dh'fhalbh e an dèidh sin. Trì uairean deug de dhearg-ghaoth, dh'fhòghnadh na dh'fhòghnadh! An robh e a' fuireach gus an tilleadh e gu Springfield? An robh Vermont ro fhuar?



Keith MacLellan

Dè dh'èirich do dhamhan-allaidh Joe? Chaidh e às an t-sealladh an dèidh iomadh latha. 'S fheudar gun robh e a' fuireach fhathast ann an sgàthan a' chàir, ach tha mi teagmhach mu sin. 'S coma sin: tha mo chat agam agus tha a chù aig Joe. Thig damhan-allaidh is falbhaidh iad; tha na cait is na coin maireannach.

Glossary:

aidhreag (f) – antenna

bruid, -adh – poke

achrannach – intricate

ciste-chàir (f) – trunk or boot of a car

brandubhan (m) – an old word for spiderweb

dh'fhòghnadh na dh'fhòghnadh – enough is enough

èirich, èirigh do – happen to or befall

Mòd Results

